

Comataidh Lèirsinn

6/2/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair); Rhoda NicDhòmhnaill; Dàibhidh Byrne;
Catriona Mhoireach

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puing 5
Ruth Mhoireach [RM] (Curaidh EDI) – puing 6
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Iain Moireasdan.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (5/11/24) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas: aontaichte.

3.2 GAE – comharraichte

4. Sùil air fàire

a) Cruinneachadh 2025

4.1 Chaidh fàilte a chur air LMA chun chiad choinneimh aice.

4.2 Thug LMA iomradh air na diofar cho-labhairtean a bha gu bhith a' tachairt agus thug i seachad fiosrachadh mu adhartas le bhith ag ullachadh airson a' chruinneachadh agus chaidh a shealltainn air an sgrion.

- 4.3 **Co-dhùnadh**: 1) cumar cruinneachadh gus fiosrachadh agus eòlas a cho-roinn airson na roinne mheadhanan Gàidhlig agus com-pàirtichean an-dràsta agus san àm ri teachd; 2) thèid cruinneachadh fa leth a chumail air ceist an luach a tha Gàidhlig a’ toirt a dh’Alba.
- 4.4 **Gnìomh**: 1) thèid pàipear a sgrìobhadh agus a cho-roinn leis a’ Chomataidh (air p-dealain) mun dà thachartas agus 2) thèid beachdachadh air cò bhon luchd-obrach òga a thèid gu co-labhairt ChNAG @ 40 air 27/2/25. (LMA)

b) Sùil air Fàire – cuspairean airson 2025/26

- 4.5 Bha pàipear air beulaibh bhall le raon farsaing de chuspairean a dh’ fhaodadh a bhith air prògram-obrach *horizon scanning* na bliadhna air thoiseach.
- 4.6 Chaidh deasbad a chumail air a’ chuspair luach eaconamach na Gàidhlig agus ciamar a ruigeadh tuigse nas coileanta air. Chaidh aithneachadh gu robh seo na ùidh aig a’ Leas-Phrìomh Mhinistear. Bha aithne ann gu bheil feum air co-obrachadh agus co-thuigse, agus gum biodh e cuideachail nan cuireadh MG ALBA cruinneachadh air dòigh de dhaoine a bheireadh sin air adhart.
- 4.7 Chaidh togail air Ro-innleachd Dhaoine Òga, air a bheil CnaG ag obair, agus co-labhairt ChnaG @40 air 27/2/25. Chaidh moladh gum biodh luchd-obrach òga na buidhne nan lùib.
- 4.8 **Gnìomh**: cumaidh Cathraiche na Comataidh agus an AO còmhraidh air leth le aithne gun tèid cuspairean a thaghadh nach eil nan cuspairean air an dà chruinneachadh a thathas a’ cur dòigh. (DC)

5. Luchd-ùidhe

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.
- 5.2 Chaidh soirbheas An t-Eilean a chomharrachadh agus ma tha miann aig buill thèid fiosrachadh a thaobh reic na sreatha a cho-roinn nuair a tha barrachd fios ann.
- 5.3 Chaidh innse mu chonaltradh le Ministear na Stàite airson nam Meadhanan agus Rùnaire na Stàite airson Cultar, Meadhanan agus Spòrs a thaobh nan gnìomhachasan cruthachail. Chaidh iomradh a thoirt air a’ chothrom a bha *HM Treasury* a thoirt do Bhuill Pàrlamaid iarrtasan a chur a-staigh mu choinneimh an lèirmheas chosgaisean (Spending Review), agus chaidh innse gu leanadh conaltradh air an sin.
- 5.4 Chaidh innse gu bheileas a’ cur pàipear *State of Play* a-steach gu Comataidh Thaghte airson Cultair, Meadhanan agus Spòrs, a’ sireadh seisean fianais air craoladh Gàidhlig.

5.5 Chaidh innse gu bheil a' cur fòcas air Riaghaltas na h-Alba agus coinneamhan leis an Leas-Phrìomh Mhinistear.

5.6 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.

6. Luchd-obrach

a) EDI

6.1 Anns a' Ghiblean 2024, choimisean MG ALBA Mòr Diversity gus sgrùdadh a dhèanamh air dòigh obrach Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail (EDI), leis an amas frèam-obrach ro-innleachdail farsaing a chumadh. Bha dreach aithisg air beulaibh na Comataidh agus chaidh deasbad a chumail.

6.2 Chaidh faighneachd an robh an àireamh de dhaoine a bha air cùmhnantan-obrach goirid a' toirt buaidh air an àireamh a bha an aithisg ag ràdh a mholadh MG ALBA mar àite-obrach, agus chaidh innse gu robh suirbhidhean Pulse a' sealltain sin.

6.3 Chaidh faighneachd am bu chòir EDI a bhith air a threòrachadh aig ìre ceannardais na buidhne, seach no a bharrachd air Curaidh EDI bhon luchd-obrach, agus chaidh innse gu bheil sin gu bhith a' tachairt leis an Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh a' gabhail sealbh air.

6.4 Chaidh innse gu bheil an rannsachadh a' sealltainn diofar ann an cultar eadar oifisean Steòrnabhaigh agus Ghlaschu, agus chaidh innse gu robh sin na sgàthan air mar a tha suidheachadh na Gàidhlig an ceartuair.

6.5 Bha aithne ann gu bheil trèanadh na phrìomh fheum ann a bhith ag àrdachadh mothachais agus tuigse air EDI, le feum air teachdaireachdan soilleir agus làidir a' tighinn bhon Àrd-sgioba Gnìomh agus àite a thoirt do EDI sa phròiseas *onboarding*.

6.6 Chaidh ceist a chur a bheil na goireasan ann gus na molaidhean a chur an sàs. Thuirt RM gu bheil cuid a rudan a thèid gu nàdarrach gu daoine sònraichte, leithid HR, ach nach bi fios le cinnt gus an tèidear ann am barrachd doimhneachd le na molaidhean.

6.7 Chaidh innse gu bheil Plana Gnìomh ann gus dèiligeadh gu h-èifeachdach ris na molaidhean, le fòcas sa chiad bhliadhna air na comharran ann an dearg; an dàrna bliadhna a' dèiligeadh ri comharran *amber* agus an tritheamh bliadhna a' cur fòcas air comharran uaine.

6.8 Tha Mòr Diversity a' moladh an ro-innleachd a thogail gu co-obrachail. Is e an t-amas an ro-innleachd ùr trì-bliadhna EDI a thoirt gu crìch agus a bhuileachadh ro dheireadh a' Mhàirt no tràth sa Ghiblean 2025.

6.9 **Co-dhùnadh:** bha a' Chomataidh taingeil agus mothachail air an an obair a bha ron bhuidheann agus chaidh taing a bhuileachadh air RM.

- 6.10 **Gnìomh:** tillidh a’ chuspair chun na Comataidh bho àm gu àm, gus sùil a chumail air adhartas.
(LMA)

b) Sunnd (Wellbeing)

- 6.11 Bha aithisg cairteal air beulaibh na Comataidh.
- 6.12 Chaidh innse ged a bha tòrr ghoireasan agus conaltradh a’ dol mu Shunnd, thathar an dùil leasachadh a dhèanamh air dachaigh airson nan goireasan agus fòcas nas targaichte a dhèanamh gus cuideachadh nas practaigeach a thoirt do dhaoine.
- 6.13 Tha Sunnd mar phàirt de raon obrach na Buidhne Leasachaidh Leantainneach (Continual Improvement Group) fo sponsair an Stiùiriche Com-pàrteachais & Leasachaidh.
- 6.14 **Co-dhùnadh:** bha a’ Chomataidh riarachte.

c) Fastadh & ath-òrdanachadh

- 6.15 Chaidh deasbad a chumail aig coinneamh a’ Bhùird air 28/1/25 air Poileasaidh Pàighidh 2025/26, Amasan Ro-innleachdail trì bliadhna, Plana Luchd-obrach & Cruth-Atharrachaidh agus Plana Obrachaidh 2025/26. A’ leantainn sin, bha pàipear air beulaibh na Comataidh air càite bheileas le fastadh agus ath-òrdanachadh agus far a bheil iad sin a’ suidhe taobh a-staigh cruth-atharrachadh na buidhne.
- 6.16 Nuair a thig e gu uairean obrach, atharrachadh, cultar agus Gàidhlig, tha dùbhlain diofraichte aig an dà aonad-obrach, Steòrnabhagh agus Glaschu.
- 6.17 Chaidh iomradh a thoirt air an sgrùdadh a tha a’ dol a-mach a dh’aithghearr gus sgilean Gàidhlig a leasachadh san àite-obrach.
- 6.18 Chaidh a ràdh gun tèid coimhead air co- iarrtasan le buidhnean eile a thaobh “employability” gus an aon chothrom a thoirt do gach neach nuair a tha sinn a’ fastadh.
- 6.19 Bha beachdan ann gu bheil amannan ann nuair a tha agus nach eil cùmhnanntan goirid feumail, agus chaidh bruidhinn air na diofar feumalachdan aig riochdairean an coimeas ri buidheann leithid MG ALBA.
- 6.20 Chaidh a ràdh gum bi plana trèanaidh aig a h-uile neach a tha a’ gluasad obrach sa phlana cruth-atharrachadh. Bha aithne ann gu robh e riatanach gum biodh feumalachdan sgilean air an riochdachadh ann am planaichean pearsanta agus sgioba agus gum biodh trèanadh na phrìomhachas airson 2025-26.
- 6.21 **Co-dhùnadh:** bha a’ Chomataidh riarachte.

d) Leantainneachd

- 6.22 Bha dreach phlana air ais air beulaibh na Comataidh.
- 6.23 **Co-dhùnadh**: bha a’ Chomataidh mothachail gu robh obair ri dhèanamh air a’ phlana.
- 6.24 **Gnìomh**: thèid obair a choileanadh timcheall air a’ Phlana. (DC)

e) Fios às ùr air sochairean & sgeama peinnsein

- 6.25 Bha pàipear le fiosrachadh às ùr mu pheinnsean agus sochairean eile air beulaibh na Comataidh.
- 6.26 A thaobh peinnsein, chaidh innse gu bheileas a’ moladh gun a bhith ag atharrachadh solaraiche peinnsein aig an àm seo. An àite sin, thèid trèanadh sìmplidh a thoirt do luchd-obrach air mar a nì iad measadh agus riaghladh far a bheil am peinnsean air a thasgadh. Ach, thèid co-chomhairleachadh luchd-obrach air *salary sacrifice* a-nis air adhart mar a bha dùil.
- 6.27 A thaobh sochairean chaidh innse gu bheileas air a dhol a-mach airson tagraichean gus ath-sgrùdadh a choimiseanadh air na sochairean a th’ againn an-dràsta do luchd-obrach, atharrachaidhean no leasachaidhean a dh’fhaodadh a bhith ann agus buaidhean cise co-cheangailte riutha.
- 6.28 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

7. Lèirmheas Phoileasaidh

a) Poileasaidh Fastaidh

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh gu bheileas airson lèirmheas a dhèanamh air a-rithist ri linn aithisg EDI agus nithean a dh’fhaodadh, agus a bhios, a’ toirt buaidh air. Thèid seo a dhèanamh ann an co-bhonn le Arena HR agus cumar a’ Chomataidh fiosraichte.
- 7.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.
- 7.3 **Gnìomh**: thig am poileasaidh air beulaibh na Comataidh nuair a bhios an obair leasachaidh dèante. (MAMI)

b) Poileasaidh Pàighidh 2025-26

- 7.4 Chaidh Poileasaidh Pàighidh air beulaibh a’ Bhùird air 28/1/25 ach bha pàipear air beulaibh na Comataidh a’ sireadh barrachd bheachdan nam biodh sin aig buill na Comataidh.
- 7.5 Chaidh ceist a chur am biodh e feumail Comataidh Thuarastail a stèidheachadh.
- 7.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte agus cha robh beachdan aca seach na chaidh a dheasbad aig coinneamh a’ Bhùird.

7.7 **Gnìomh:** thèid fiosrachadh mu bhith a’ stèidheachadh Comataidh Thuarastail a chur air beulaibh Chathraiche a’ Bhùird airson co-dhùnadh. (MAMI)

8. OKRan

8.1 Leis gu bheil dleastanas air a’ Chomataidh coimhead air comharran soirbheachais na buidhne bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh.

8.2 Tro dhiofar choinneamhan agus chòmhraidhean gu ruige seo chaidh prìomh Amasan a chomharrachadh airson 2025-26 agus a’ leantainn sin bha Prìomh Thoraidhean air beulaibh na Comataidh airson deasbaid.

8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

9. Amasan an Àird-Oifigeir

9.1 Leis gu bheil amasan an Àrd-Oifigeir air an aontachadh gach bliadhna leis a’ Chathraiche, le taic na Comataidh agus a’ Bhùird, bha pàipear a’ cur Amasan an Àird-Oifigeir air beulaibh na Comataidh airson beachd.

9.2 Bha aithne ann gu faigh an AO cuideachadh le cuid de dhleastanas ri linn an Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh agus bha aithne gun cuidich atharrachadh na buidhne ann a bhith a’ libhrigeadh dleastanasan an AO.

9.3 Mar a bha air a mhìneachadh ann am fear de na h-amasan, chaidh cudromachd maoiniachadh trì-bliadhna aithneachadh.

9.4 Thuirt an AO gu robhas a’ cothromachadh far an robh obair agus co-dhùnaidhean na buidhne air an suidheachadh gus nach eil an Sgioba Àrd-Gnìomha a’ dèiligeadh le gnothaichean a bu chòir an làimhseachadh aig ìrean eile. Thèid smaoineachadh air trèanadh airson seo.

9.5 Bha beachd aig aona bhall gu robh an Àrd-sgioba Gnìomh fhathast ro thana agus gum bu chòir coimhead ri seo le Cathraiche na buidhne.

9.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

9.7 **Gnìomh:** 1) thèid na h-amasan an sgrìobhadh a-rithist le na stiùirichean eile an làthair gus cuid a dh’uallachaidhean a cho-roinn agus thig an tionndadh dheireannach air beulaibh a’ Bhùird. (DC)

10. Riaghlachas na Comataidh

10.1 Bha a’ chiad dreach de Phlana-obrach na Comataidh airson 2025/26 air beulaibh na Comataidh airson beachd.

10.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta le aithne gun tèid cuspairean Sùil air Fàire (fo phuing 4b) a chur riutha.

10.3 **Gnìomh**: 1) thig iad air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh airson aonta.
(MAMI)

11. GISBE

11.1 Cha robh gin.

12. Deit na h-ath choinneimh – 28/5/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: